



CULTAR

CÀIRDEAS



CÀNAN



CEÒL



COIMHEARSNACHD



CLIÙ



CRIDHE



COTHROM

RO-INNLEACHD 2017-2022



SABHAL
MÒR OSTAIG



EÒLAS
AIR
CÀNAN
IS
CULTAR
NA
GAIDHLIG
WORLD
LEADING
EXPERTISE
IN
GAELIC
LANGUAGE
AND
CULTURE

CLÀR-INNSE

- 02** **Facal bhon Chathraiche**
Introduction from the Chair
- 04** **Facal bhon Phrionnsapal**
Foreword from the Principal
- 06** **A' Cholaiste**
The College
- 08** **Na Luachan Againn / Amas cinn-crìche**
Our Values / Mission
- 10** **Amasan Ro-innleachdail - 2017-2022**
Strategic Aims - 2017-2022
- 12** **Ar Sealladh**
Our Vision
- 14** **Amasan Ro-innleachdail agus Fo-amasan**
Strategic Aims and Objectives
- 32** **Luchd-seilbh na Colaiste**
Our Stakeholders
- 32** **Pròiseactan agus Buidhnean eile air làrach na Colaiste**
Projects and Groups Based at Sabhal Mòr Ostaig
- 33** **Am Bòrd Stiùiridh**
The Board

FACAL BHON CHATHRAICHE

Anns a' chiad bhliadhna agam mar Chathraiche a' Bhùird, 's e tlachd a th'ann dhomh an Ro-innleachd seo, airson nam bliadhnaichean 2017-2022, a chur am follais.

Chaidh an Ro-innleachd a dheasachadh le buidheann-stiùiridh na Colaiste fo stiùir a' Phrionnsapail, An t-Ollamh Boyd Robasdan, agus Stiùiriche an Fhoghlaim, Iain Tormod MacLeòid - buidheann aig a bheil tuigse mhath is bliadhnaichean mòra de dh'èolas air saoghal na Gàidhlig. Thèid cuid mhath dhen obair a th' air a cur a-mach a thoirt gu buil le ginealach ùr aig an stiùir thar nan còig bliadhna a leanas.

Tha Sabhal Mòr Ostaig gu làidir dhen bheachd gum bu chòir a' Ghàidhlig a' chumail buan san àm ri teachd. Bidh muinntir an t-Sabhail Mhòir, ann an co-bhonn le riochdairean Bhòrd na Gàidhlig is nam buidhnean poblach eile a tha dhen aon bheachd, a' togail air bunait thrèun sheasmhach gus lèirsinn an Rìdìre Iain Nòbail airson aiseirigh chultar is cànan nan Gàidheal a choileanadh.

Bha Sabhal Mòr Ostaig deònach riamh cothroman ùra a chruthachadh gus Gàidhlig a theagasg is a chleachdadh. Bidh na cùrsaichean cànanain againn a' ruigsinn fad is farsaing, chan ann a-mhàin air feadh Alba ach cho fada ri tìr-mòr na Roinn Eorpa is Ameireagaidh. Anns an Ro-

innleachd seo tha sinn a' comharrachadh nan dòighean ùra anns an tèid teagasg, ionnsachadh is trèanadh sa chànan a leudachadh gu barrachd is barrachd dhaoine thar nan còig bliadhna a leanas. Air làrach na colaiste fhèin, bidh an àrainneachd Ghàidhlig a' dearbhadh air a h-uile taobh gu bheil a' Ghàidhlig beò is fallain.

Bu toigh leam mo thaing a thoirt do bhuill a' Bhùird airson an taic a tha iad a' toirt don Cholaiste, agus gu seachd àraid airson cho deònach 's a tha iad a bhith fialaidh len cuid ùine. Tha lèirsinn, eòlas agus sgilean sònraichte aca, agus tha iad sin cudromach do shoirbheachadh na Colaiste. Tha deagh chruinneachadh de na sgilean a tha a dhìth oirnn am measg muinntir a' Bhùird a-nis, is tha sinn uile gu lèir cothrom eadar fireannaich is boireannaich.

Is e cridhe an t-Sabhail an luchd-obrach a th' ann. Taing mhòr dhuibhse: cha bhitheamaid far a bheil sinn as ur n-aonais. Is ann mar thoradh air ur saothair, ur neart is ur dìlseachd a tha Sabhal Mòr Ostaig a-nis air aithneachadh gu nàiseanta mar àite ainmeil beothail a bhrosnaicheas cultar is cànan na Gàidhlig, àite le seasamh eadar-nàiseanta a thaobh teagaisg is rannsachaidh, is àite a bheir togail-cridhe dha na Gàidheil.

INTRODUCTION FROM THE CHAIR

In my first year as Chair of the Board of Sabhal Mòr Ostaig, it is my great pleasure to present to you our new strategy document covering the five years from 2017-2022.

This strategy document has been shaped by the knowledge and many years' experience of our current management team led by the college principal Professor Boyd Robertson and Director of Studies John Norman MacLeod. Much of the work mapped out for the years ahead will be delivered by a new generation who will take the helm over the course of the next five years.

Building on our strengths, in partnership with Bòrd na Gàidhlig and the many organisations and public bodies who share our mission to place the future of Gaelic on a firm footing, we are working to realise Sir Iain Noble's vision of a resurgent language and culture.

Sabhal Mòr has always been ready to innovate and experiment with new ways to transmit the language, widening the reach of our language teaching far beyond the classrooms here in Skye, attracting students to our courses not only from Scotland but far beyond, from Europe and America. This strategy document points to new departures in teaching, training and learning that will broaden that reach even more. As always, our Gaelic-

speaking campus, unique among third-level teaching institutions in Scotland, reinforces the message at every turn that Gaelic is a living language.

I would like to thank my fellow Board members whose insight, skills and knowledge are so important to the continuing success of the college. We have achieved an excellent balance between the skills we need as a Board while maintaining a healthy male-female ratio which currently stands at 50:50. My thanks to you all for your continued support and for giving so generously of your time.

My thanks too to our wonderful staff without whom none of this would be possible. It is their dedication and energy that have made Sabhal Mòr Ostaig what it is today, a vibrant national centre for Gaelic language and culture, an institution with an international reputation for teaching and research, a place that every Gaelic speaker can be proud to identify with.

Éadaín Ní Mháille

Éadaín Ní Mháille
Cathraiche na Colaiste





Tha an Ro-innleachd seo, mar an treas Plana Nàiseanta aig Bòrd na Gàidhlig, a' ruith bho 2017 gu 2022 agus tha dlùth-cheangal eatorra. Tha am Plana Nàiseanta a' rùnachadh suidheachadh na Gàidhlig a dhèanamh nas treasa, àireamhan luchd-labhairt a thogail, cleachdadh a' chànain a sgaoileadh, foghlam sa chànain a leudachadh, ionnsachadh na Gàidhlig a chur am meud, corpas a' chànain a leasachadh agus na h-ealainean a bhrosnachadh. Tha amasan co-ionann aig an Ro-innleachd seo agus bidh an Sabhal aig uchd bualaidh ann a bhith a' libhrigeadh mòran de dh'amasan a' Phlana Nàiseanta.

Tha an Ro-innleachd ùr a' mìneachadh mar a tha a' Cholaiste an dùil ar n-inbhe mar Ionad Nàiseanta na Gàidhlig a dhàingneachadh agus a' cur an cèill ar miann a bhith nar sàr ionad cànan, cultar is dualchas agus nar prìomh ionad ionnsachaidh, cleachdaidh agus trèanaidh na Gàidhlig. Mar Cholaiste is mar phàirt de dh'oilthigh, tha sinn gu domhain an sàs ann am foghlam àrd-ìre is leantainneach, ann an rannsachadh is sgoilearachd agus ann an aiseag-eòlais. Mar Ionad Nàiseanta is Eadar-nàiseanta, tha sinn cuideachd a' saothrachadh anns na h-ealainean, ann an leasachadh agus ann an dualchas is tha sinn nar dachaigh do cheithir phròiseactan chudromach, cho-phàirteachail: Tobar an Dualchais, Faclair na Gàidhlig, Ainmean Àiteachan na h-Alba agus Soillse.

Tha sinn a' cur romhainn anns an ath chòig bliadhna togail air na bunaitean làidir a chaidh an stèidheachadh sna bliadhnaichean a dh' fhalbh. Nì sinn sin le bhith leudachadh is ag ath-nuadhachadh a' chlàr-oideachais, a' leasachadh oighreachd is ghoireasan na Colaiste, a' frithealadh fheumalachdan choimhearsnachdan agus a' cur ri buaidh an t-Sabhail. Tha sinn am beachd chùrsaichean trèanaidh ùra a thairgse airson luchd-teagasg bun-sgoile is àrd-sgoile, airson feadhainn a tha ag obair ann am foghlam tràth bhliadhnaichean agus airson luchd-oide chlasaichean is chùrsaichean luchd-ionnsachaidh. Bidh trèanadh le teisteanas air a chur air dòigh airson a' chiad uair do dhaoine a tha ri obair eadar-theangachaidh. Tha mòran oileanach bho thall thairis a' tighinn gu na cùrsaichean goirid a tha sinn a' ruith fad 10 seachdainean sa bhliadhna agus tha mòran eile a' gabhail nan cùrsaichean a thathar a' tabhann air astar. Tha sinn ag amas air an àireamh oileanach sin a leudachadh tro shanasachd nas fharsainne is tro bhith cur nam meadhanan sòisealta gu barrachd feum.

Tha an togalach ùr, Ionad Iain Nobail, a bha mar a' chiad phàirt de Leasachadh Baile na Cille Bige, na shamhla dhen obair iomadh-fhillte sa bheil an Sabhal an sàs le teagasg, rannsachadh is aiseag-eòlais, gnìomhachas is iomairteachd, obair ealain is tachartasan coimhearsnachd uile rim faotainn ann. Tha buaidh mhòr air a bhith aig a' Cholaiste air an sgìre mun cuairt agus thèid sin a leudachadh tro na h-ath cheumannan ann am pròiseact na Cille Bige. Chithear a' chiad dà thaigh air an làrach air an t-samhradh seo agus tha dùil gun tèid ionad is raon spòrs dhan cholaiste is dhan choimhearsnachd, agus grunn thaighean eile an togail tro bheatha na ro-innleachd seo.

This strategy and Bòrd na Gàidhlig's third National Plan run concurrently from 2017 to 2022 and are interlinked. The National Plan seeks to strengthen the language, grow the number of Gaelic speakers, widen use of the language, extend Gaelic education, increase acquisition of the language, develop the language corpus and stimulate artistic activity. The College Strategy has similar aims and Sabhal Mòr will play a crucial part in delivering many of the targets set in the National Plan.

This new Strategy explains how the College aims to consolidate its role as the National Centre for Gaelic and declares our intent to be a centre of excellence for the language, culture and heritage and the premier centre of Gaelic learning, usage and training. As a College and a constituent part of a university, we are deeply engaged in further and higher education, in research, scholarship and knowledge transfer. As a national and international Centre, we are also active in the arts, in development and cultural heritage and there are four prestigious partnership projects based at the College: Tobar an Dualchais/The Kist o'Riches, Faclair na Gàidhlig (Historical Dictionary of Gaelic), Ainmean Àiteachan na h-Alba (Placenames of Scotland) and the inter-university Soillse programme.

We propose in the next five years to build on the strong foundations laid in earlier years. We shall do that by extending and refreshing the curriculum, expanding and developing the College estate and facilities, servicing the needs of communities and increasing the impact of the College. We intend to introduce new training courses for primary and secondary school teachers, for those involved in Early Years education and for adult education tutors. Certificated training will be provided for the first time for translators. Many overseas students attend the short courses we offer for 10 weeks each year and many other international students enrol on our distance learning courses. We aim to increase that number substantially through wider advertising and greater use of social media.

The new Iain Noble Centre, part of the first phase of the Kilbeg Village Development, encapsulates the diversity of activity in which the College engages with teaching, research, knowledge transfer, business, enterprise, the arts and community engagement all being prosecuted therein. The College has had a hugely beneficial impact on the surrounding area and that is set to be further enhanced by the next phases of the Kilbeg project. The first two houses will be completed in the summer of this year and it is envisaged that indoor and outdoor, college and community sports facilities and more housing units will be built during the lifetime of this strategy.

A G Boyd Robasdan

An t-Ollamh Boyd Robasdan
Prionnsapal na Colaiste

A' CHOLAISTE

Tha Sabhal Mòr Ostaig suidhichte ann an àrainneachd cho eireachdail agus tarraingeach sa tha san Roinn Eòrpa ann an Slèite ann an ceann a deas an Eilein Sgitheanaich. Bho chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh ann an 1973, tha i air a dhol bho neart gu neart agus air cliù a chosnadh dhi fhèin air feadh an t-saoghail mar Shàr-Ionad cànan agus cultar na Gàidhlig. Mar ionad nàiseanta agus eadar-nàiseanta, tha a' Cholaiste air cliù acadaimigeach a chosnadh dhi fhèin le cùrsaichean air an tabhann aig fìor àrd-ìre airson luchd-ionnsachaidh bho fhìor thoiseach tòiseachaidh gu ìre for-cheum agus rannsachaidh. Tha soirbheachas na Colaiste gu mòr stèidhte air luchd-obrach a tha sgileil, eòlach agus dìleas do dh'adhbhar na Gàidhlig agus don obair a tha a' Cholaiste a' dèanamh gus a' chànan a leasachadh.

Tha a' Cholaiste na com-pàirtiche ann an Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (OGE) a chaidh aithneachadh mar Oilthigh ann an 2011, is i a' tairgsinn fìor chothroman foghlam is rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig a tha ga neartachadh tro bheatha ann an àrainneachd làn-Ghàidhlig. Tha a' Cholaiste air cliù a chosnadh cuideachd airson nan

cùrsaichean goirid ann an Gàidhlig, ann an ceòl agus cultar na Gàidhlig a tha a' tarraing nan ceudan dhan àrainn tron bhliadhna agus gu h-àraid tron t-samhradh nuair a tha luchd-ionnsachaidh bho air feadh an t-saoghail a' siubhal a Shlèite.

'S e colaiste ùr-ghnàthach a th' ann an Sabhal Mòr Ostaig le goireasan ionnsachaidh air leth, leabharlann sònraichte fhèin math, stiùideo craolaidh is clàraidh, agus tha àiteachan-fuirich agus ionad cùraim chloinne air an àrainn. Tha obair na Colaiste ga neartachadh tro chàirdeas leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig agus tha iomadh pròiseact cultarach agus cruthachail stèidhichte an seo - Tobar an Dualchais, Faclair na Gàidhlig agus Cànan nam measg.

Tha na h-ealain is cultar Gàidhlig air leth cudromach do Shabhal Mòr Ostaig agus tha a' Cholaiste a' ruith prògram còmhnaidh ann an ceòl, drama, litreachas agus na h-ealain lèirsinneach.

Sabhal Mòr Ostaig is situated in one of Europe's most spectacular locations in Sleat on the Isle of Skye. Since the College was established in 1973, it has gone from strength to strength and has developed a reputation across the world as a centre of excellence for Gaelic language, culture and the arts. As a national and international centre, the College has gained a reputation for academic excellence, offering courses of the highest standards for all learners, from complete beginners in the language, through to post-graduate and research level. The success of the College has been largely achieved through the efforts of its staff, who are talented, highly motivated and committed to the Gaelic language and to the efforts of the College to support the revitalisation of the language.


The College is an academic partner in the University of the Highlands and Islands which gained university status in 2011, and offers fantastic learning and research opportunities in a language-rich learning environment. The College has also established a reputation for the quality of its short courses in Gaelic language, culture and music, which attract hundreds of learners throughout the year and during the summer in particular, when learners from across the world

descend on Sleat.

Sabhal Mòr Ostaig is an innovative college with unrivalled learning facilities, including an excellent library, a recording and broadcast studio, and there is student accommodation and a childcare facility on campus. The work of the College is strengthened by its partnership with the Gaelic community and there are many creative and cultural projects based at the College, including Tobar an Dualchais/Kist O' Riches, the historical Gaelic Dictionary project and the College's own company CGS, which specialises in design and currently produces the award winning FilmG competition.

The Gaelic arts and culture are extremely important areas of activity for the College which also hosts residency programmes in music, drama, literature and the visual arts.

THE COLLEGE




57°N, -5.8°W

CAMPUS

Deputy First Minister and Cabinet Secretary for Skills, John Swinney said:

“All initiatives aimed at increasing both the use and the visibility of Gaelic are a vital part of our over-arching commitment to give the language a sustainable future in a modern Scotland. Sabhal Mòr Ostaig will play a pivotal role in achieving this aim and I am pleased to welcome their Strategic Plan which sets out a clear vision for the college’s activities for the next five years. The volume and variation of projects coming forward is extremely encouraging and I look forward to seeing them in action soon.”



NA LUACHAN AGAINN

AMAS CINN- CRÌCHE

Tha Sabhal Mòr Ostaig airson a bhith na shàr ionad aig cridhe leasachaidhean ann an cànan agus dualchas nan Gàidheal le bhith a' tairgsinn deagh chothroman foghlaim, trèanadh agus rannsachaidh tro mheadhan na Gàidhlig agus le bhith a' dol an sàs gu h-innleachdach agus gu cruthachail còmhla ri daoine eile, luchd-gnìomhachais agus a' choimhearsnachd air fad gus leasachaidhean sòisealta, dualchasach agus eaconamach a chur air adhart. Tha a' Cholaiste na h-àite foghlaim làn-Ghàidhlig agus na h-àite gnìomhachais làn-Ghàidhlig, le sàbhaladh, brosnachadh agus leudachadh na Gàidhlig mar phrìomh adhbhar na Colaiste.

MIANN

Togail air ar soirbheachas mar Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig gus coimhearsnachd na Gàidhlig a mhisneachadh agus a neartachadh.

A' BROSACHADH CO-IONANNACHD

Tha co-ionannachd aig cridhe obair na Colaiste anns a h-uile dòigh.

A' GHÀIDHLIG

Tha an cànan aig cridhe obair na Colaiste agus tha sinn a' dèanamh a h-uile oidhirp airson a neartachadh agus a leasachadh anns gach raon de ar n-obair.

SÀR-IONAD

Tha a' Cholaiste stèidhichte airson a bhith na shàr-ionad foghlaim, rannsachaidh agus leasachaidh, ag obair còmhla ri ar coimhearsnachdan is com-pàirteachaidhean ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Tha e mar amas dhuinn taic a chur ri ar n-oileanaich agus ri ar luchd-obrach a chum maith am beatha.

AIG CRIDHE NA COIMHEARSNACHD

Tha Sabhal Mòr Ostaig aig cridhe coimhearsnachd na Gàidhlig, aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta.

DAOINE

'S iad ar daoine - luchd-obrach, oileanaich, buill ar coimhearsnachd agus ar luchd-ceuma a tha sgapte air feadh an t-saoghail, an neart as moth' a th' againn. Bidh sinn ag obrachadh gu dlùth còmhla riutha gus an Ro-innleachd seo a thoirt gu buil.

FOSGAILTE AGUS ONARACH

Tha soirbheachas na Colaiste an crochadh gu mòr air a bhith a' dèiligeadh ri daoine gu h-onarach agus gu fosgailte agus a bhith dìreach nar conaltradh ris gach neach leis a bheil sinn ag obrachadh.

ÙR-GHNÀTHACH

Tha a' Cholaiste air cliù a chosnadh dhi fhèin mar shàr-ionad ùr-ghnàthach aig cridhe leasachadh na Gàidhlig.

A' CUR RI LUACH EACONOMACH AGUS SÒISEALTA

Tha buaidh mhòr aig obair an t-Sabhail Mhòir air eaconamaidh agus coimhearsnachd na Gàidhlig agus tha a' Cholaiste a' creidsinn gu mòr ann a bhith a' sgaoileadh nam buannachdan sin a tha i a' cruthachadh gu maith ar coimhearsnachdan air fad.

OUR VALUES

PURPOSE

To build on our success as the National Centre for Gaelic Language and Culture in order to inspire and strengthen the Gaelic community.

PROMOTING EQUALITY

Equality is at the heart of everything we do.

GAELIC

The language is at the heart of all we do and we make every effort to strengthen and develop every facet of our work.

CENTRE OF EXCELLENCE

The College was set up in order to be a centre of excellence in education, research and development, working with our communities and partners at a local, national and international level. It is our aim to support our students and employees and to enhance their life experience.

AT THE HEART OF THE COMMUNITY

Sabhal Mòr Ostaig is at the centre of the Gaelic community, on a local, national and international level.

PEOPLE

Our people – our staff, students, community members and alumni, who are to be found all over the world – are our greatest strength. We work closely with them to produce this strategic plan.

OPEN AND HONEST

The success of the College is greatly dependent on the honest and open way that we aim to deal with people and to communicate directly with everyone that we work with.

INNOVATIVE

The College has earned a reputation as a centre for innovation at the heart of Gaelic language development.

ADDING ECONOMIC AND SOCIAL VALUE

The College's work has a huge impact on the Gaelic economy and community and the College is a great believer in sharing the advantages that it creates to the benefit of the whole community.

MISSION

Sabhal Mòr Ostaig is committed to being a centre of excellence for the development and enhancement of the Gaelic language, culture and heritage, by providing quality educational, training and research opportunities through the medium of Scottish Gaelic; and by interacting innovatively with individuals, communities and businesses, to contribute to social, cultural and economic development. The College is an all-Gaelic educational institution and business, and the College's prime objective is to maintain, support and develop the Gaelic language.

AMASAN RO-INNLEACHDAIL STRATEGIC AIMS

2017-
2022

-
- 1** Amas Ro-innleachdail 1: TEAGASG IS IONNSACHADH
Strategic Aim 1: LEARNING AND TEACHING
 - 2** Amas Ro-innleachdail 2: RANNSACHADH, SGOILEARACHD IS AISEAG-EÒLAIS
Strategic Aim 2: RESEARCH, SCHOLARSHIP AND KNOWLEDGE TRANSFER
 - 3** Amas Ro-innleachdail 3: LEASACHADH CULTARAIL, CRUTHACHAIL IS COIMHEARSNACHD
Strategic Aim 3: CULTURAL, CREATIVE AND COMMUNITY DEVELOPMENT
 - 4** Amas Ro-innleachdail 4: OIGHREACHD IS SEIRBHEISEAN
Strategic Aim 4: ESTATES AND SERVICES
 - 5** Amas Ro-innleachdail 5: SEASMHACHD IS RIAGHLADH
Strategic Aim 5: SUSTAINABILITY AND GOVERNANCE
-



THE PRINCIPAL CENTRE FOR GAELIC LEARNING



A NATIONAL AND INTERNATIONAL CENTRE OF EXCELLENCE FOR THE GAELIC LANGUAGE

PRÌOMH IONAD
IONNSACHAIDH NA GÀIDHLIG

SÀR IONAD CLEACHDAIDH
NA GÀIDHLIG



SÀR IONAD NÀISEANTA IS
EADAR-NÀISEANTA AIRSON NA GÀIDHLIG



AR SEALLADH
—
OUR VISION

A CENTRE OF EXCELLENCE FOR GAELIC USAGE



LÀN CHOM-PÀIRTICHE ANN AN LÌBHRIGEADH
PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

A FULL PARTNER IN THE IMPLEMENTATION OF THE NATIONAL GAELIC PLAN

A CENTRE OF EXCELLENCE IN EDUCATION AND RESEARCH



SÀR IONAD FOGHLAIM
IS RANNSACHAIDH



PRÌOMH ÀITE-OBACH
NA GÀIDHLIG

THE LEADING GAELIC EMPLOYER AND WORKPLACE



SÀR IONAD DHA NA MEADHANAN IS
NA H-EALAIN GHÀIDHLIG

A CENTRE OF EXCELLENCE FOR THE GAELIC MEDIA AND ARTS

TEAGASG IS IONNSACHADH

Togail inbhe na Colaiste mar shàr-ionad nàiseanta agus eadar-nàiseanta tro libhrigeadh foghlam aig fìor àrd-ìre agus a' cur ri àireamhan nan oileanach air cùrsaichean air làrach na Colaiste, air astar agus air cùrsaichean goirid. Nì sinn seo an co-bhonn le com-pàirtichean mar Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (OGE) le bhith a' leasachadh curaicealam na Colaiste agus a' cruthachadh chothroman ionnsachaidh as ùr a tha aig an ìre as àirde de deagh-ghnè.

- Brosnachadh teagasg agus ionnsachadh aig na h-ìrean às àirde agus a' dèanamh cinnteach gu bheil an teagasg bonntaichte air an rannsachadh as ùire
- Cur ris an sgeama nàiseanta Leasachadh an Luchd-obrach Òga le bhith ag obair nas dlùithe leis na sgoiltean agus a' leasachadh chùrsaichean airson dreuchdan Ghàidhlig do sgoilearan is do dh'oileanaich
- Leudachadh chothroman leasachaidh dreuchdail leantainneach a rèir feumalachdan na margaid
- A bhith aig cridhe leasachaidhean a thaobh trèanadh is iomairtean co-cheangailte ri foghlam Gàidhlig aig a h-uile ìre
- Cruthachadh sgeama leasachaidh airson luchd-teagaisg a tha bonntaichte air deagh-ghnè agus foghlam is rannsachadh aig àrd-ìre
- Dèanamh cinnteach gu bheil leasachaidhean na Colaiste stèidhichte air feumalachdan nàiseanta agus rannsachadh na margaid
- Leasachadh an Leabharlainn, ghoireasan ionnsachaidh is teagaisg agus sheirbheisean taic do dh'oileanaich is luchd-obrach
- A bhith aig cridhe leasachaidh airson Gàidhlig do dh'Inbhich

Tha sinn an-còmhnaidh a' feuchainn ri na cothroman ionnsachaidh againn a leudachadh a rèir feumalachdan nan oileanach agus bu mhath leinn barrachd a dhèanamh anns na còig bliadhna tha romhainn còmhla ri fastaichean airson togail air na feumalachdan a tha fhathast nochdte a thaobh sgilean-obrach agus cùrsaichean dreuchdail.

Tha an Riaghaltas air sgeama nàiseanta Leasachadh an Sgioba-obrach Òga a chur air bhonn far am bi cuideam air cothroman anns na sgoiltean sgoilearan a bhrosnachadh cùrsaichean is greisean-obrach a chur air dòigh. Tha sinn a' faicinn gu bheil cothrom is feum ann sgeama fa-leth a chruthachadh - Leasachadh na Sgioba-obrach Òg Gàidhlig - agus tha sinn ga fhaicinn mar dhleastanas oirnn fhèin a bhith ag obair le buidhnean mar Bhòrd na Gàidhlig, HIE agus SDS a thaobh aithne na Gàidhlig san t-saoghal-obrach agus cothroman cosnaidh sa Ghàidhlig. Tha cuspairean mar Chùram Chloinne agus Sgilean Gnìomhachais nan deagh eisimpleirean air raointean far a bheil teisteanasan Gàidhlig a dhìth.

Tha an cùrsa ceum BA (Urr) Gàidhlig is Foghlam gus a bhith stèidhichte aig OGE (roimhe na chom-pàirteachadh le Oilthigh Obar Dheathain) agus bidh Sabhal Mòr Ostaig ga stiùireadh. 'S e leasachadh air leth cudromach a tha seo dhuinn agus tha sinn airson a bhith aig cridhe leasachaidhean trèanadh thidsearan. Tha e soilleir gu bheil trèanadh leantainneach cuideachd na thaic do luchd-teagaisg sna sgoiltean agus tha sinn airson sgilean obrach agus sgilean cànan a leasachadh tro bhith a' co-obrachadh leis an fheadhainn a tha sna dreuchdan sin fhèin.

Tha Gàidhlig do dh'Inbhich air fhaicinn a-nis mar phrìomhachas nàiseanta a' dol air adhart agus tha sinn an dùil gum bi cùrsa ùr againn a bhios stèidhichte air a' Chùrsa Inntigridh ach a ghabhas a libhrigeadh aghaidh ri aghaidh. Thathas an dòchas leudachadh an uair sin air na cothroman ionnsachaidh anns na coimhearsnachdan agus do dhaoine nach urrainn a thighinn is cùrsaichean làn- no pàirt-thìde a dhèanamh aig a' Cholaiste fhèin.

Bidh TEF (Teaching Excellence Framework) ga chur an gnìomh anns a' ghearr-ùine agus tha e na amas dhuinn a bhith a' leasachadh sgilean an luchd-teagaisg againn gus am bi sinn air ar meas aig na h-ìrean às àirde de dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

TEACHING AND LEARNING

Promoting the College as a national and international centre of excellence by delivering education at the highest level and increasing student numbers on courses on campus, via distance learning and on short courses. We will do this in conjunction with partners such as the University of the Highlands and Islands (UHI) by developing the College's curriculum and by creating new learning opportunities of the highest quality.

- Encouraging teaching and learning of the highest quality and ensuring that teaching is based on the most up to date research
- Building on the national scheme Developing the Young Workforce by working more closely with schools and developing courses for careers in Gaelic for pupils and students
- Widening opportunities in continuing professional development according to market needs
- Being at the centre of developments in training and initiatives in Gaelic education at all levels
- Creating a development scheme for teaching staff based on good practice, education and research at the highest level
- Ensuring that developments at the College are based on national needs and market research
- Developing the Library, learning and teaching resources and support services for students and staff
- Being at the forefront of developments in Gaelic for Adults

We continually strive to expand our learning opportunities according to student needs and we wish to continue in the next five years working with employers based on needs regarding work skills and career training that are still apparent.

The Government has established the national Developing the Young Workforce scheme where an emphasis will be placed on creating course and work-placement opportunities in schools. We note that there is both an opportunity and a need for the creation of a separate scheme – Developing the Young Gaelic Workforce – and we see it as our duty to work with groups such as Bòrd na Gàidhlig, HIE and SDS regarding recognition for Gaelic in the workplace and career opportunities in Gaelic. Subjects such as Childcare and Business Skills are good examples of areas where there is a need for Gaelic certification.

The degree course BA (Hons) Gaelic and Education will soon be established at UHI (previously in conjunction with the University of Aberdeen) with Sabhal Mòr Ostaig directing the course. This is a very important development for us as we aim to be at the heart of developments in teacher training. It is clear that ongoing training is also an aid for teachers in schools and we wish to improve work and language skills through collaboration with people in those specific jobs.

Gaelic for adults is now seen as a national priority and we expect to develop a new course based on An Cùrsa Inntigidh but which will be delivered face to face. It is hoped that learning opportunities in the communities and for people who cannot attend full or part time courses at the College could then be developed.

TEF (Teaching Excellence Framework) will be implemented in the near future and it is our intention to develop the skills of our teaching staff so that we will continue to be regarded as delivering the highest standards of education through the medium of Gaelic.

“



”

"Saoilidh mi gur e misneachd a thaobh a bhith cleachdadh mo chuid Gàidhlig an rud a bu mhotha a thuir mise bho bhith nam oileanach aig Sabhal Mòr Ostaig. Fhuair mi tlachd, toileachas agus spionnadh a bhith an lùib coimhearsnachd far an robh a' Ghàidhlig ga cleachdadh a h-uile latha."

Kirsteen NicDhòmhnaill
BBC Scotland Weather Presenter



THE BA (HONS) GAELIC AND EDUCATION IS THE FIRST TIME THAT SMO HAS TAKEN THE LEAD ROLE IN DELIVERING A TEACHER TRAINING DEGREE, AND THE COURSE IS DESIGNED FOR EITHER PRIMARY OR SECONDARY TEACHING.

Saoil a bheil äite nas fheàrr ann airson ionnsachadh?
How about this for lectures... can you think of a better place to study?



Seanaidh Charity
Programme Leader, BA (Hons) Gaelic and Education

RANNSACHADH, SGOILEARACHD IS AISEAG-EÒLAIS

Togail inbhe na Colaiste mar shàr-ionad nàiseanta agus eadar-nàiseanta le bhith a' dèanamh sàr rannsachadh agus sgoilearachd agus a' cleachdadh an eòlais a tha ag èirigh bhon rannsachadh sin gu cruthachail gus togail air cothroman leasachaidh.

- Ag ullachadh obair aig an ìre as àirde airson an REF
- Brosnachadh foillseachaidh a tha aig na h-ìrean as àirde
- Pròiseactan agus sruthan airgead-rannsachaidh a chumail agus feadhainn ùra a lorg
- Coimhearsnachd rannsachaidh na Colaiste a bhrosnachadh 's dhaingneachadh
- Buaidh rannsachadh na Colaiste a sgoileadh fad is farsaing
- An ceangal a bhrosnachadh eadar eòlas acadaimigeach agus a' choimhearsnachd tro bhith ag aiseag-eòlais ann an dòigh chunbhalach
- A' togail air na cothroman a thig bho chumhachdan ùra OGE ceumannan rannsachaidh a thoirt seachad
- A' leudachadh chothroman rannsachaidh airson oileanaich for-cheum
- A' dèanamh cinnteach gu bheil buaidh aig an rannsachadh againn air ionnsachadh is teagasg
- Co-obrachadh le oilthighean, buidhnean is a' choimhearsnachd

'S e an Research Excellence Framework (REF) prìomhachas rannsachaidh na Colaiste anns na bliadhnaichean a tha romhainn. A dh'aindeoin sgioba bheag, tha aithne agus cliù glè àrd aig Sabhal Mòr Ostaig a thaobh rannsachaidh agus gu dearbh chaidh OGE a mheas mar an oilthigh ùr a b' fheàrr a bha a' coileanadh an Alba anns a' chlàr nàiseanta a dh'fhoillsich an Times Higher Education.

Tha SOILLSE air cur ri àrainneachd rannsachaidh na Colaiste agus bidh sinn a' leantainn mar chom-pàirtiche anns a' phròiseict eadar-oilthigh seo.

Tha sinn gu math mothachail nach bi an suidheachadh seo seasmhach mura bi sinn dèonach cothrom agus ùine rannsachaidh a thoirt dhan luchd-acadaimigeach againn. Mar sin, tha sinn a' cur romhainn fòrlaidhean suas ri bliadhna a thabhann do luchd-acadaimigeach a tha an sàs le rannsachadh agus airson fìor oidhirp a dhèanamh sporrann stèidhichte a chur air bhonn a bhios a' maoinneachadh an rannsachaidh spèisealta a tha seo. Mar phàirt dheth, tha sinn airson prògram leasachaidh luchd-obrach a leudachadh gus daoine a bhrosnachadh gu rannsachadh le bhith a' togail air an cuid sgilean.

Tha sinn mothachail gu bheil cothrom mòr ann am barrachd a dhèanamh tro bhith a' neartachadh nan ceanglaichean eadar foghlam is a' choimhearsnachd. Tha sinn cuideachd airson barrachd aiseag-eòlais a bhrosnachadh anns na bliadhnaichean a tha romhainn agus guth an t-Sabhail a thogail agus a dhèanamh nas soilleire a thaobh an rannsachaidh anns a bheil sinn fhèin an sàs.

Tha sinn ag amas air barrachd fhoillseachadh fo sgèith Chlàr Ostaig agus an co-bhonn le buidhnean Gàidhlig eile tha sinn gu mòr airson cothroman a bhrosnachadh do luchd-acadaimigeach Gàidhlig air feadh an t-saoghail co-obrachadh còmhla rinn gus seo a choileanadh.

RESEARCH, SCHOLARSHIP AND KNOWLEDGE TRANSFER

Raising the College's profile as a national and international centre of excellence by conducting the highest levels of research and scholarship and utilising knowledge gained from that research creatively in order to build upon development opportunities.

- Producing work of the highest standard for the REF
- Encouraging publication of work of the highest quality
- Maintaining current projects and income streams and researching new projects and income streams
- Encouraging and strengthening the College's research community
- Spreading the reach of the College's research far and wide
- Encouraging the link between academic work and the community on a regular basis through knowledge transfer
- Building on opportunities that come from UHI's new research degree awarding powers
- Widening research opportunities for post-graduates
- Ensuring that our research has an effect on learning and teaching
- Collaborating with universities, groups and the community

The College's research priority in the coming years will be the Research Excellence Framework (REF). Despite being a small team, Sabhal Mòr Ostaig's research output has earned the highest recognition and reputation. UHI was judged the new university which was best fulfilling this priority according to the national table published by Times Higher Education.

SOILLSE has added to the research environment of the College and we will continue to be a partner in this inter-university project. We are aware that this situation will not be sustainable if we are unwilling to give opportunities and time to our academic staff. Therefore it is our intention to offer sabbaticals of up to one year to academic staff involved in research and to make a concerted effort to establish a fund to finance this specialised research. As part of this, we wish to develop a staff development programme that encourages staff who wish to be involved in research by developing their skills.


We are aware that there is an opportunity to contribute more by strengthening the links between education and the community. We also wish to encourage further knowledge transfer in the following years and both raise Sabhal Mòr Ostaig's research profile and make the research that we are involved in more visible.

We aim to increase our published output through Clò Ostaig and in conjunction with other Gaelic bodies and we wish to further encourage Gaelic academics throughout the world to work with us to fulfil this aim.



*...an t-ádhúil...
...na fálach...
...an mair marbh...
...is bláth an r...
...Shabhal Ostaig; ag...
...éine A*





"An Cùrsa Inntigidh is a truly excellent course. The combination of the highly structured materials with the weekly phone classes add up to an experience which I have found to be simultaneously supportive, enjoyable and inspirational. In addition it is absolutely flexible enough to be fitted into work and family commitments. It is also very rewarding to gain a sense of progress in learning the language. Tha mi a' bruidhinn Gàidhlig a h-uile latha a-nis!"

Professor Neil Simco
Assistant Principal for Curriculum Growth and
Acting Vice-Principal (Research)



LEASACHADH CULTARAIL, CRUTHACHAIL IS COIMHEARSNACHD

Togail inbhe na Colaiste mar shàr-ionad nàiseanta agus eadar-nàiseanta le bhith a' cruthachadh phròiseactan agus iomairtean tarraingeach le na coimhearsnachdan Gàidhlig tro leasachadh sgilean-cànain agus sgilean-obrach, tro leudachadh nan cothroman co-obrachaidh cruthachail a thathas a' tabhann agus tro neartachadh cheanglaichean eadar foghlam is a' choimhearsnachd.

- Cur an gnìomh ro-innleachd nam meadhanan a chleachdas nan goireasan againn agus a chuireas ri cliù agus teachd-a-steach na Colaiste
- Dealbh ro-innleachd ealain air fad a chuireas ris a' Cholaiste le bhith a' tabhann chothroman a bharrachd do dh'oileanaich is don choimhearsnachd
- Brosnachadh àrainneachd chruthachail, cho-obrachail le na buidhnean is na pròiseactan a tha co-cheangailte ris a' Cholaiste
- Cruthachadh chothroman ionnsachaidh agus neartachadh sgilean cànain còmhla ri diofar sgìrean far a bheil ùidhean a' nochdadh sa Ghàidhlig
- A bhith ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig gus amasan ionnsachadh na Gàidhlig a choileanadh do dh'ìnbhich
- Neartachadh cheanglaichean le buidhnean coimhearsnachd agus oighreachdan ionadail gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus seirbheisean ionadail a neartachadh
- Inbhe na Colaiste mar àite airson pròiseactan nàiseanta Gàidhlig a dhaingneachadh
- Tobar an Dualchais a chur air stèidh fad-ùine a thaobh maoinachaidh agus aithne fhaighinn air mar thasglann nàiseanta Gàidhlig

Bha Sabhal Mòr Ostaig riamh a' tuigsinn a' cheangail làidir eadar cànain, cultar is coimhearsnachd. Agus tha sinn air a bhith an sàs ann an iomadh pròiseact cruthachail far a bheil an ceangal sin air a neartachadh tro luchd-ealain no tro na meadhanan, mar eisimpleir. Chan e a-mhàin gu bheil na meadhanan agus na h-ealainean air am faicinn mar chothroman a bharrachd sa Ghàidhlig ach tha iad a' cur ri beartas a' chànain is a' chultair.

Tha sinn mar-thà a' co-obrachadh le buidhnean cruthachail is cultarail agus tha e glè chudromach gun tog sinn air na cothroman co-obrachaidh a bhios ag èirigh anns na bliadhnaichean a tha romhainn. Tha sinn airson a' phrògram -còmhnaidh againn a neartachadh agus cothroman cruthachail a thoirt do luchd-ealain a tha airson an sgilean proifeiseanta a leasachadh. Tha an obair seo aig cridhe obair leasachaidh nan ealan aig Sabhal Mòr Ostaig agus a' cur gu mòr ri beatha na Colaiste. Tro cho-obrachadh le buidheann ionadail leithid SEALL, tha Sabhal Mòr Ostaig a' faighinn a' chothrom conaltradh ri luchd-èisteachd nach biodh ma dh'fhaoidte gu nàdarra a' suathadh ri saoghal na Gàidhlig agus tha cothroman air leth an sin a thaobh a bhith a' neartachadh nan ceanglaichean coimhearsnachd is cànain againn. A bharrachd air sin, tha luchd-ciùil agus cleasaichean a' tighinn tro SEALL a dh'fhaodadh cur gu mòr ris na cùrsaichean againn fhèin leithid BA (Urr) Gàidhlig is Ceòl Traidiseanta.

Tha SkyeSpace againn a-nise na stiùidio craobh-sgaoilidh agus tha iomadh cothrom ann prògraman TBh is Rèidio a chlàradh. Tha sinn a-cheana air taic a chumail ri prògraman leithid Bannan is Rapal agus trèanadh do bhuidhnean mar King Rollo Productions. Cha bheag na cothroman co-obrachaidh a th' ann an saoghal nam meadhanan Gàidhlig agus tha e cudromach gun tog sinn orra sin.

'S iomadh pròiseact a tha a-nis stèidhichte air làrach na Colaiste agus tha sinn an-còmhnaidh a' brosnachadh cho-obrachadh chan ann a-mhàin eadarainn fhèin ach eadar na pròiseactan cuideachd far a bheil tòrr ri ionnsachadh bho chèile agus cothroman fiù 's seirbheisean a roinn le chèile.

Tha Tobar an Dualchais air a bhith stèidhichte bho 2006 agus tha e na ghoireas agus na thasglann air leth aig iomadh ìre agus do dh'iomadh buidheann. Tha e na amas dhuinn gun tèid an neamhnaid seo aithneachadh mar bu chòir agus gun lean na cothroman a chleachdadh mar ghoireasan-teagaisg is ionnsachaidh anns na sgoiltean is oilthighean is cuideachd mar thasglann nàiseanta de dhualchas na Gàidhlig.

CULTURAL, CREATIVE AND COMMUNITY DEVELOPMENT

Raising the College's standing as a national and international centre of excellence by creating attractive projects and ventures with the Gaelic community through language and work skills development, through development of the opportunities available for co-operation and through the strengthening of links between education and the community.

- Implementing a media strategy which capitalises on our excellent facilities and augments the reputation and income generation of the College
- Devising a comprehensive arts strategy that will enhance the College by extending opportunities for students and the community
- Stimulating a creative, collaborative environment amongst the groups and projects connected to the College
- Creating learning opportunities and strengthening language skills in association with various localities which evince an interest in Gaelic
- Collaborating with Bòrd na Gàidhlig to fulfil the aims for Adult Gaelic learning
- Strengthening links with community groups and local estates to promote Gaelic and develop local services
- Strengthening the College's reputation as a hub for national Gaelic projects
- Securing *the long-term future of Tobar an Dualchais* in regard to funding and seeking recognition for it as a national Gaelic archive

Sabhal Mòr Ostaig has always understood the strong links between language, culture and community. We have been involved in numerous creative projects where those links have been strengthened through, for example, artists and the media. The media and the arts are not only seen as extending opportunity through Gaelic but as a means of contributing to the richness of the language and culture.

We are already working with creative and cultural bodies and it is very important that we build on the opportunities for co-operation which arise in the years to come. We wish to strengthen our residencies programme and the creative opportunities for artists who want to develop their professional skills. This activity is at the centre of arts development work at Sabhal Mòr Ostaig and contributes greatly to College life. Through collaboration with local groups such as SEALL, Sabhal Mòr Ostaig has opportunities to communicate with audiences who may otherwise have little contact with the Gaelic world and there are excellent opportunities there to strengthen our community and language links. Furthermore, SEALL attracts many musicians and actors who can contribute greatly to our courses such as BA (Hons) Gaelic and Traditional Music.

We now have SkyeSpace as a broadcasting studio and opportunities to record television and radio programmes. We have already provided facilities for programmes such as Bannan and Rapal and training for companies such as King Rollo Productions. There are many opportunities for collaboration in Gaelic media and it is important that we take advantage of them.

There are several projects now based on-site at the College and we always encourage cooperation not only across the College but also between the projects where there is much to be learnt from one another each other and perhaps even to share services.

Tobar an Dualchais was established in 2006 and is an unique resource and repository working at many levels and for many groups. It is our intention that this valuable resource is properly recognised and that its use as a teaching and learning resource continues for schools and universities and also as a national archive for Gaelic heritage.





'Tha an ceangal a th' agam ris a' Cholaiste air fàs bhon a chaidh mi ann an toiseach ann an 2000, agus às dèidh dhomh ceumnachadh le for-cheum ann an 2011. Tha Sabhal Mòr Ostaig a' cluiche pàirt glè chudromach ann a bhith a' gleidheadh agus a' leasachadh cànan agus cultar na Gàidhlig agus bhiodh e air leth math nam b' urrainn dhuibh taic a chur ris an obair riathanaich seo.'

Ceumnaiche an t-Sabhail Mhòir Julie Fowlis – seinneadair Gàidhlig aig a bheil clù eadar-nàiseanta agus a bha ri cluinntinn air Brave, film Disney a choisinn iomadh duais. Tha Julie an sàs ann an ath-bheothachadh òrain traidiseanta Uibhist a Tuath, an t-eilean dom buin i fhèin.



OIGHREACHD IS SEIRBHEISEAN

Togail inbhe na Colaiste mar shàr-ionad nàiseanta agus eadar-nàiseanta le bhith a' cruthachadh àrainneachd Ghàidhlig far am bi a' Ghàidhlig stèidhichte mar chànan làitheil air làrach na Colaiste agus gum bi goireasan is togalaichean, seirbheisean is àiteachan-fuirich againn a chuireas agus a chumas taic ris an fheallsanachd sin.

- Ro-innleachd na Cille Bige a chruthachadh 's a thoirt air adhart le dealbhadh cànan aig a' chridhe
- Taigheadas a leasachadh air làrach na Colaiste bonntaichte air prionnsapalan dealbhadh cànan
- Goireasan spòrs a chur air dòigh a bhios fosgailte don choimhearsnachd agus do luchd-obrach is oileanaich an t-Sabhail agus a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig
- Àiteachan sòisealta Gàidhlig a chruthachadh sa Cholaiste a bhios a' brosnachadh luchd-cleachdaidh agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an dòighean cruthachail
- An Leabharlann a leasachadh gus am bi e freagairt air feumalachdan an luchd-cleachdaidh agus gum bi àite gu leòr ann dhaibh rannsachadh a dhèanamh air na cruinneachaidhean againn le beachd air plana airson togalach ùr san fhad-ùine
- Beachdachadh air dòighean freagarrach na seann togalaichean a chleachdadh gu math na Colaiste, na coimhearsnachd agus a' chànan

Tha Sabhal Mòr Ostaig air a bhith a' leasachadh àrainneachd Ghàidhlig bhon a thòisich sinn ann an 1973, le togalach ùr cha mhòr gach 10 bliadhna. Tha sinn a-nise air an leasachadh sin a leudachadh a-mach gu taigheadas is sinn ag aithneachadh nan dùbhlann a tha againn luchd-obrach is oileanaich a thàladh gu sgìre a tha cho tarraingeach 's nach eil àiteachan-fuirich aig prìsean reusanta a-nis rin lorg. Tha sinn air seo a ghabhail mar chothrom air leth aig ìre dealbhachadh cànan agus sinn a-nis ag amas air baile Gàidhlig a chruthachadh far am bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh gu làitheil taobh a-muigh an t-saoghail-obrach agus na h-àrainneachd-ionnsachaidh.

Tha sinn mothachail cuideachd gu bheil cothroman dha na h-oileanaich anns na bailtean mòra nach eil aca an seo agus tro bhliadhnaichean de luachadh 's iad goireasan spòrs an rud a bu mhotha a bha a dhìth orra. Tha sinn ag amas air Ionad Spòrs a bhith againn an ceann beagan bhliadhnaichean a chuireas taic ri beatha nan oileanach agus na coimhearsnachd cuideachd. Agus mar phàirt den leasachadh gum bi cothroman ann a' Ghàidhlig a bhrosnachadh ann an suidheachadh a tha ùr.

Tha an Sabhal fhèin, far an do thòisich a' Cholaiste, feumach air tòrr obair càraidh agus tha sinn ag amas gum bi plana againn a fhreagras air amasan na Colaiste gus feum èifeachdach a dhèanamh dheth agus a chumail an lùib leasachaidhean nas fharsainge.

Tha sinn cuideachd gu math mothachail mar as motha a dh'fhàsas cliù is inbhe an Leabharlann mar leabharlann Gàidhlig nàiseanta gur ann as motha a thig de chruinneachaidhean sònraichte agus pearsanta. Tha sinn ag amas gum bi plana againn airson togalach ùr a thoirt air adhart an ceann sreath agus gum bi cothrom aice aithne oifigeil fhaotainn mar Leabharlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha sinn airson daoine a bhrosnachadh chun na Gàidhlig às bith cò às a thig iad agus tha sinn mar sin an-còmhnaidh a' coimhead ri cothroman seirbheisean a leasachadh agus a leudachadh. Tha companaidh CGS againn a-cheana a bhios a' tairgsinn sheirbheisean dealbhachaidh, làraich-lìn agus ruith phròiseactan leithid FilmG agus tha sinn fosgailte coimhead ri gnìomhachasan ùra Gàidhlig a leasachadh agus taic a chumail ri daoine òga no daoine sa choimhearsnachd a tha airson cothroman coimeirsealta Gàidhlig a stèidheachadh. Bidh sinn cuideachd ag obair cuide ri na buidhnean coimhearsnachd agus na h-oighreachdan san sgìre airson sin a thoirt air adhart.

ESTATES AND SERVICES

Raising the College's standing as a national and international centre of excellence by creating a Gaelic environment where Gaelic is established as the language of everyday use on campus and where facilities and buildings, services and accommodation maintain and support that philosophy.

- Creating and developing a strategy for Kilbeg with language planning at its heart
- Developing on campus housing based on language planning principles
- Developing sports facilities that will be open to the local community and to staff and students of Sabhal Mòr Ostaig and that encourage Gaelic usage
- Creating Gaelic social spaces at the College which encourage Gaelic speakers and learners in creative ways
- Developing the Library in a manner that meets the needs of its users and provides adequate library accommodation to facilitate research in our collections, while recognising the longer term vision of developing a new facility
- Exploring in a manner suitable options for utilising the older buildings for the benefit of the College, the local community and the language

Sabhal Mòr Ostaig has been developing a Gaelic speaking environment since it was established in 1973, with a new building being erected nearly every 10 years. We have now extended development to include housing in order to meet the challenge that we face in attracting staff and students to an area that is so appealing that there is no affordable housing to be had. We consider this to be a splendid opportunity for a language planning initiative to create a Gaelic village where the language is used on a daily basis outside of the workplace and the learning environment.

We understand that there are opportunities for students in the city that cannot be provided here and, through many years of evaluation, sports facilities are what are most desired. We aim to have a Sports Centre within the next few years which will support student and community life. As part of this development there will be opportunities to encourage Gaelic usage in a new context.

The original Sabhal or barn, where the College began, is in need of extensive repairs and we intend to develop a plan in keeping with the aims of the College to make effective use of the building while being aligned with the wider developments.



We are also very aware that as the standing and reputation of the Library grows as a national Gaelic library that more specialist and personal collections may be acquired. We intend to devise to plan to develop a new building in due course through which the Library could receive official recognition as the National Gaelic Library.


We wish to attract people to Gaelic regardless of where they are from and therefore we continually review opportunities to develop and extend our services. The College already boasts CGS, which offers design and web services and runs projects such as FilmG and we are open to looking at developing new Gaelic businesses and supporting young people or local people in the community who wish to establish Gaelic commercial opportunities. We also work with the community groups and estates in the area with the intention of developing this area of activity.

Gealach an Fhàis os cionn Shlèite
[A waxing moon above Sleat]
Dr Sorley MacLean

Luibhean is blàthan an rùin
mu Shabhal Ostaig; agus solus,
Deò-grèine dòchas nan Gàidheal,
mu bhallachan ùra 's seana.

[... the herbs and flowers of aspiration
about Sabhal Mòr Ostaig. And a light,
sunbeam of the Gael's hope,
about its old and new walls.]





"We hope Sabhal Mòr Ostaig will build on its excellent track record of success and continue its development in a sustainable and realisable way."

Stuart MacPherson
LSWR Head of Operations, Highlands and Islands Enterprise



SEASMHACHD IS RIAGHLADH

Togail inbhe na Colaiste mar shàr-ionad nàiseanta agus eadar-nàiseanta le bhith a' cur ri bun-structaran agus dòighean-riaghlaidh a tha làidir, seasmhach agus a chumas ri feallsanachd na Colaiste.

- Àite-obrach Gàidhlig agus àite-ionnsachaidh Gàidhlig a ghleidheadh agus a bhrosnachadh tro dhòighean-obrach, riaghladh èifeachdach agus stiùireadh brosnachail agus fosgailte
- Ro-innleachd leantainneach luchd-obrach a stèidheachadh a chumas ri feallsanachd na Colaiste agus a leigeas leis a' Cholaiste agus cleachdadh na Gàidhlig fàs ann an dòigh sheasmhach
- Conaltradh agus caidreachas an luchd-obrach a leasachadh tro leudachadh air cothroman agus cleachdadh na Gàidhlig
- Trusadh eadar-nàiseanta agus leasachadh air Caidreamh an t-Sabhail gu am bi cliù eadar-nàiseanta na Colaiste agus na Gàidhlig a' sìor fhàs
- Dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd agus deagh-ghnè aig cridhe leasachaidhean agus modhan-obrach na Colaiste
- Dèanamh cinnteach gu bheil sruthan airgid iomchaidh a' tighinn a-steach a rèir prìomhachasan na Colaiste agus sruthan ùra gan comharrachadh aig a h-uile cothrom
- Dàimhean-obrach a neartachadh le buidhnean co-cheangailte ris a' Cholaiste
- Siostaman is structaran riaghlaidh iomchaidh a bhith againn a leigeas leinn ar n-amasan is ar ro-innleachd a thoirt gu buil
- Gum bi seirbheisean didseatach aig cridhe gach rud a nì sinn.

Tha dà thaobh air amas na Colaiste - àite-obrach Gàidhlig agus àite-ionnsachaidh Gàidhlig. Tha sinn mar sin a' cur taic ri dà bhuidheann fa leth - luchd-ionnsachaidh agus fileantaich - agus tha diofar chothroman ann do gach buidheann. Tha Sabhal Mòr Ostaig na fhastaiche Gàidhlig far a bheil cha mhòr a h-uile dreuchd a' sùileachadh gum bi a' Ghàidhlig mar sgil riatanach. Dhan fheadhainn aig nach fheum a' Ghàidhlig a bhith aig àrd-ìre tha bliadhnaichean de dh'èòlas againn air leasachadh sgilean cànan agus, mar phàirt den Phlana Cànan againn fhèin, bidh sinn daonnan a' feuchainn ri dòighean ùra fheuchainn airson leasachadh is dealbhachadh cànan a leudachadh agus a thoirt air adhart. Chan e rud furasta a th' ann an dealbhachadh cànan as aonais buidseat thaiceil agus tha e mar amas dhuinn airgead a thogail a chuireas taic ris na beachdan a th' againn ar luchd-obrach a thoirt gu ìre far am bi gach roinn ag obair tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha sgioba dhlùth, chàirdeil agus chomasach againn aig Sabhal Mòr Ostaig agus tha an càirdeas sin air leth cudromach nuair a tha amas cho mòr agad ri dealbhachadh cànan. Tha sinn cuideachd mothachail bho thaobh nan oileanach gu bheil Caidreamh an t-Sabhail eadar-nàiseanta againn a-nise is sinn gus a bhith a' comharrachadh 1,000 neach-ceumnachaidh ann an 2017-18. Tha cothrom againn am barrachd a dhèanamh a thaobh cliù is inbhe na Gàidhlig agus na Colaiste a thogail gu h-eadar-nàiseanta.

SUSTAINABILITY AND GOVERNANCE

Raising the College's standing as a national and international centre of excellence by contributing to infrastructure and governance structures that are robust and sustainable and that adhere to the philosophy of the College.

- Protecting and promoting a Gaelic working and learning environment through working practices, effective governance and encouraging and open management
- Establishing a staff succession strategy that adheres to the philosophy of the College and allows the College and Gaelic usage to grow in a sustainable manner
- Developing staff communication and relations by widening Gaelic opportunities and usage
- Recruiting internationally and developing Caidreamh an t-Sabhail (Friends of Sabhal Mòr Ostaig) to ensure that the international reputation of the College and the Gaelic language continues to grow
- Ensuring equality and quality enhancement are at the heart of developments and working practices at the College
- Ensuring equality and good practice are at the heart of developments and working practices at the College
- Strengthening working relationships with groups connected to the College
- Maintaining appropriate governance structures that allow us to accomplish what is set out in our aims and strategy
- Ensuring that digital services are at the heart of all of our work.

There are two aspects of the College's aim – a Gaelic workplace and a Gaelic learning environment. We therefore support two separate groups – learners and fluent speakers – with different opportunities available to each group. Sabhal Mòr Ostaig is a Gaelic employer where Gaelic language skills are expected as a prerequisite in most posts. For those posts which do not require a high level of fluency we have many years of experience in language skills development and as part of our own Gaelic Plan we continually seek ways of broadening and improving Gaelic language development and planning. Language planning is a challenging task with no specific supporting budget and it is our intention to raise funds that will support our plan to bring our staff to a level in which all departments operate through the medium of Gaelic.

Sabhal Mòr Ostaig has a close-knit, friendly and able staff and that positive working relationship is very important when one has such a great ambition as language planning. We are also aware from a student point-of-view that we now have an international Caidreamh an t-Sabhail/Friends of Sabhal Mòr and that we will mark our one thousandth graduate in 2017-18. This gives us an opportunity to further enhance the international reputation and standing of Gaelic and the College.

LUCHD-SEILBH NA COLAISTE

OUR STAKEHOLDERS

Alba Chruthachail

Bòrd na Gàidhlig

Comhairle Mhaoineachaidh na h-Alba

Comhairle na Gàidhealtachd

Foghlam Alba

Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean

Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean

Oileanaich

Riaghaltas na h-Alba

PRÒISEACTAN AGUS BUIDHNEAN EILE AIR LÀRACH NA COLAISTE

PROJECTS AND GROUPS BASED AT SMO

Ainmean Àite na h-Alba	www.gaelicplacenames.org
Young Films	www.youngfilms.co.uk
CGS - Cànan Graphics Studio	www.canan.co.uk
Faclair na Gàidhlig	www.faclair.ac.uk
Fàs Mòr	www.fasmor.org.uk
SkyeSpace	www.skyspace.co.uk
Dualchas Architects	www.dualchas.com
Sealladh Eta	www.sealladh.tv
SOILLSE	www.soillse.ac.uk
Tobar an Dualchais	www.tobarandualchais.co.uk
Seall	www.seall.co.uk
Dearg	www.skyegiftshop.com

AM BÒRD STIÙIRIDH

THE BOARD



Éadaín Ní Mháille
[Cathraiche]



Aonghas S MacLeòid
[Iar Chathraiche]



Faye NicLeòid



Sine Ghilleasbuig



Aonghas MacLeòid



Cairistiona Walker



An t-Oll. Boyd Robasdan



Sandy Jones



Art MacCarraig



Iain Greumach



Catriona Dunn



An t-Oll. Maire Ní Annrachain



Iain Mòreasdan



Alasdair MacLeòid



Aonghas MacAonghais



SABHAL
MÒR OSTAIG



Sabhal Mòr Ostaig, Ionad Nàiseanta Cànan is Cultar na Gàidhlig • National Centre for Gaelic Language & Culture
Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, Alba IV44 8RQ • +44 (0)1471 888000 • fios@smo.uhi.ac.uk • www.smo.uhi.ac.uk



Tha Sabhal Mòr Ostaig na chompanaidh earranta clàraichte ann an Alba, àireamh 361752. Oifis chlàraichte Colaiste Ghàidhlig na h-Alba, An Teanga, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8RQ. Àireamh Carthannas Albannach Clàraichte SC002578.
Sabhal Mòr Ostaig is a company limited by guarantee, registered in Scotland, number 361752 and having its Registered Office at Colaiste Ghàidhlig na h-Alba, Teangue, Sleat, Isle of Skye, IV44 8RQ. Registered charity no: SC002578.

Dealbhte le CGS (Cànan Graphics Studio) | www.canan.co.uk